

Lèirmheas Neo-eisimeileach air Sgrùdadadh agus Riaghladh (IRISR) - Geàrr-chunntas air Aithisg Anailis air a' Ghairm Fianais

Clàr-innse

| | |
|--|----------|
| Geàrr-chunntas | 3 |
| Lèirmheas Neo-eisimeileach air Sgrùdadadh agus Riaghlaadh (IRISR) - Gairm Fianais | 3 |
| Prìomh thoraidhean a rèir cuspair..... | 3 |
| Tèama 1 – Dòigh-obrach a tha stèidhichte air an duine..... | 3 |
| Tèama 2 - Dè dh'fheumas a bhith air a sgrùdadadh agus a riaghalaadh?.. | 4 |
| Tèama 3 - Ciamar a bu chòir sgrùdadadh agus riaghalaadh a dhèanamh? | 5 |
| Tèama 4 - ciamar a bhios fhios againn gu bheil siostaman ag obair? .. | 7 |
| Tèama 5 – Ciamar a bheir siostaman sgrùdaidh agus riaghlaidh taic dhan luchd-obrach?..... | 9 |

Geàrr-chunntas

Lèirmheas Neo-eisimeileach air Sgrùdadadh agus Riaghladh (IRISR) - Gairm Fianais

San t-Sultain 2022 dh'ainmich Riaghaltas na h-Alba Lèirmheas Neo-eisimeileach air Sgrùdadadh agus Riaghladh (*Independent Review of Inspection, Scrutiny and Regulation - IRISR*). Chaidh an Dame Sue Bruce a chur an dreuchd mar Chathraiche an IRISR le Mgr Stiùbhart Currie na lar-chathraiche.

Chuir Cathraiche an IRISR a dealas an cèill airson co-chonaltradh le luchd-ùidh mar phàirt den sgrùdadadh, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt a-steach an fheadhainn le eòlas beatha. Chaidh am prògram com-pàirteachaidh do luchd-ùidh a chumail eadar an Dàmhair 2022 agus am Faoilleach 2023 agus bha dà phriomh eileamaid ann: gairm fianais agus sreath de thachartasan com-pàirteachaidh do luchd-ùidh (ris an canar 'tachartasan' tron aithisg seo). Bha an dà eileamaid den phrògram a' cuimseachadh air còig prìomh thèaman.

Uile gu lèir, bha 100 freagairt ann dhan ghairm fianais, 60 bho bhuidhnean agus 40 bho dhaoine fa leth. Chaidh 20 tachartas aghaidh-ri-aghaidh agus bhiortail a stiùireadh leis an lar-chathraiche; chaidh seachd dhiubh sin a chumail aghaidh-ri-aghaidh air feadh na h-Alba. Chaidh na 13 tachartasan eile a chumail air-loidhne. Thar nan tachartasan, bha 130 riochdairean bho bhuidhnean agus 19 daoine fa leth an làthair.

Tha a' chaibideil seo den aithisg a' toirt geàrr-chunntas air na prìomh chòisean a nochd tron phrògram airson conaltradh luchd-ùidh. Tha barrachd mion-fhiosrachaidh ann am prìomh chaibideilean na h-aithisg.

Bha grunn phriomh chuspairean follaiseach bhon ghairm fianais agus bho na tachartasan a bharrachd air na buidhnean luchd-freagairt. Gu tric, chaidh na h-aon cheistean a thogail le luchd-freagairt thar gach aon de na còig chuspairean air an deach beachdachadh. Tha liosta de na ceistean uile a chaidh fhaighneachd ann am Pàipear-taice 2 de dh'Aithisg Anailis na Gairm Fianais.

Prìomh thoraidhean a rèir cuspair

Tèama 1 – Dòigh-obrach a tha stèidhichte air an duine

- Ged a bha cuid de luchd-freagairt dhan ghairm fianais agus aig na tachartasan a' bruidhinn air dòigh-obrach leis an neach aig a' chridhe, thug cuid eile iomradh air dòigh-obrach air a stiùireadh le daoine. Tha dòigh-obrach air a stiùireadh le daoine a' ciallachadh gum biodh daoine an sàs ann barrachd agus b' fheàrr le cuid den luchd-freagairt na faclan

seo mar thoradh air seo.

- B' e an cuspair a chaidh ainmeachadh a bu trice gum bu chòir a bhith ag obair le daoine le eòlas beatha, làithreach no san àm a dh'fhalbh, gus an cuid eòlais a cho-roinn agus mar sin gus cur ri pròiseasan sgrùdaidh is riaghlaidh. Gus seo a dhèanamh, tha e ro-chudromach gum bi daoine an sàs ann an co-dhùnaidhean, agus aig cridhe siostaman sgrùdaidh agus riaghlaidh. Tha e cudromach gum bi com-pàirteachadh brioghmhor. Bhiodh feum air measgachadh de dhiofar dhòighean conaltraidh agus dòighean eadar-obrachaидh gus dèanamh cinnteach gum biodh daoine le feumalachdan càram is taice air an in-ghabail.
- Bha beag-chuid mhòr¹ a' moladh gum biodh daoine le eòlas beatha an sàs gu dìreach ann an co-dhealbhadh innealan conaltraidh no ann a bhith a' cruthachadh frèam sgrùdaidh. Bha seo a' gabail a-steach raointeán leithid a bhith a' suidheachadh slatan-tomhais agus a bhith a' cumadh nan ceistean a chuireadh iad fhèin tron phròiseas sgrùdaidh.
- Aig tachartasan, chaidh dòigh-obrach stèidhichte air togail dhàimhean no chom-pàirteachasan a mholadh gu tric gus taic a thoirt do dhaoine gus cur ri seo.
- Nuair a bhathar a' toirt iomradh air dòighean gus conaltradh a dhèanamh le daoine le eòlas beatha, bha beachdan fàbharach ann mu bhith a' cleachdadadh dhòighean-obrach càileachdail (m.e. pannalan no bùithean-obrach).
- Am measg dhòighean eile gus com-pàirt a chur an comas, bha a bhith a' cleachdadadh luchd-tagraidh neo-eisimeileach airson taic agus stiùireadh agus tòna cànan nas ruigsinniche a chleachdadadh ann an sgrìobhainnean. Chaidh draghan a thogail mu dhith ruigsinneachd air seirbheisean tagraidh, agus mu dhith fiosrachaïdh no foghlaim air na bu chòir a bhith an dùil bho sheirbheisean càram.

Tèama 2 - dè dh'fheumas a bhith air a sgrùdadadh agus a riaghalaadh?

- Bha mòr-chuid den luchd-freagairt a' faireachdainn gu bheil seirbheisean ann nach eil fo sgrùdadadh agus riaghlaadh an-dràsta a bu chòir a bhith (C2). Thug luchd-co-comhairle iomradh air raon farsaing de sheirbheisean, ach cha robh ach beagan dhiubh air an ainmeachadh gu tric (C2a). B' e seirbheisean air an toirt seachad le luchd-cuideachaidh pearsanta a bu trice a bha air an ainmeachadh, ged a bha beagan den luchd-freagairt an aghaidh barrachd sgrùdaidh a bhith ann air luchd-cuideachaidh pearsanta oir is dòcha nach biodh iad cho dualtach an dreuchd seo a ghabail mar thoradh air seo. Chaidh aithris cuideachd gun robh feum air barrachd sgrùdaidh air seirbheisean neo-chlàraichte a tha a' toirt seachad taic càram-sòisealta a tha taobh a-muigh riatanasan

riaghlaidh, le measgachadh farsaing de dh'eisimpleirean air an toirt seachad.

- Nuair a chaidh faighneachd dhaibh carson a bu chòir na seirbheisean sin a bhith air an sgrùdadadh agus riaghlaidh (C2b), bha beag-chuid¹ mhòr den bheachd gum bu chòir a h-uile seirbheis a bhith fon aon ire de sgrùdadadh agus riaghlaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil cunbalachd inbhean ann agus barrantas gum bi cùram de chàileachd àrd.
- Bhathas cuideachd den bheachd gum biodh irean cùram agus taic nas fheàrr do dhaoine a tha a' cleachdadadh taic cùram-sòisealta mar thoradh air seo. Bhathar an dùil gun cuidicheadh sgrùdaidh no riaghlaidh a bharrachd le bhith a' cur air adhart leasachaidhean agus a' brosnachadh deagh chleachdadadh thar sheirbheisean. Bhathar cuideachd den bheachd gum biodh barrachd sàbhailteachd na bhuanachd.
- Bhathar a' faicinn Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim mar a' bhuidheann a bu fhreagarraiche gus uallach a ghabhail gus sgrùdadadh agus riaghlaidh a dhèanamh (C2c). Tha uallach air a' bhuidhinn seo mar-thà airson càileachd solar cùraim agus airson leasachaidhean thairis air grunn sheirbheisean sònraichte. Mhol àireamhan nas luga buidhnean eile a dh'haodadh uallach a ghabhail leithid fhastaichean agus sholaraichean cùram-sòisealta (ann an dreuchd com-pàirteachaidh), Comhairle Seirbheisean Sòisealta na h-Alba (SSSC) (m.e. a thaobh cho freagarrach 's a tha dhaoine a tha gu bhith air am fastadh) agus Riaghaltas na h-Alba.

Tèama 3 - Ciamar a bu chòir sgrùdadadh agus riaghlaidh a dhèanamh?

- Bha sgaradh bheachd ann air a' cheist am bu chòir dhan aon riaghlaiche sgrùdadadh a dhèanamh air a h-uile seirbheis (C3); fhreagair cha mhòr an aon àireamh de luchd-freagairt gum bu choir agus nach bu chòir. B' e a' priomh bhuanachd a dh'ainmich an fheadhainn a bha airson seo gun toireadh seo seachad dòigh-obrach chunbalach no nas èifeachdaiche a thaobh riaghlaidh.
- Am measg buannachdan eile bha gum biodh lùghdachadh ann an troimh-chèile a thaobh cò leis a tha dleastanasan sònraichte. Bhiodh stòrasan gan cleachdadadh ann an dòigh nas èifeachdaiche, ged a bhiodh beag-chuid shusbainteach dìreach a' cumail taic ri aon riaghlaidair mas e is gun cumadh iad raon farsaing de dh'eòlas sònraichte thairis air diofar sheirbheisean.
- Am measg an fheadhainn a bha an aghaidh an aon riaghlaiche a bhith ann, b' e am priomh adhbhar a chaidh a thoirt seachad gum biodh e ro

¹ Tha 'beag-chuid mhòr' a' comharrachadh beachd a thug eadar 25% agus 50% den luchd-freagairt seachad do cheist; faic an earrann mu mhodhan-obrach airson mìneachaidhean air teirmean uimhireil eile a chaidh a chleachdadadh.

dhùbhlanach aon riaghlaiche a bhith ann leis an eòlas, na sgilean agus an doimhneachd uile a bhiodh a dhith. Bhathar cuideachd den bheachd gun robh slàinte, obair-shòisealta agus cùram-sòisealta eadar-dhealaichte. Ach, chaidh dòigh-obrach com-pàirteachais nas fheàrr eadar riaghlairean a mholadh mar roghainn eile.

- Bha mòr-chuid mhòr ag eas-aontachadh gum bu chòir riaghlairean eadar-dhealaichte a bhith ann airson sgrùdadadh agus leasachadh. B' e am priomh adhbhar airson seo am measg daoine nach robh ag aontachadh gu bheil ceangal ann eadar sgrùdadadh agus leasachadh. Bhathar den bheachd cuideachd gur e an luchd-sgrùdaidh na daoine as fheàrr gus taic leasachaidh a thoirt do sheirbheisean a tha a' toirt seachad taic cùram-sòisealta mas e is gu bheil sgrùdaidhean gan dèanamh ann an dòigh thaiceil. Nan robh còrr is aon riaghlaire ann, dh'fhaodadh gum biodh diofar phriomhachasan ann airson planaichean leasachaidh.
- Am measg an fheadhainn a bha airson diofar riaghlairean a bhith ann, bhathar den bheachd gun robh seo a' cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil leasachadh ann (m.e. bhathar den bheachd gum biodh leasachaidhean a' tachairt mar thoradh air grunn fhactaran agus chan ann a-mhàin mar thoradh air sgrùdaidhean).
- A thaobh a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil gealltanasan gus seirbheisean a leasachadh (C5) mar bhunait air pròiseasan riaghlaidh is sgrùdaidh, thuirt luchd-freagairt gum bu chòir do riaghlaichean agus luchd-sgrùdaidh a bhith ag obair còmhla ris an sgioba-obrach cùram-sòisealta agus taic-shòisealta, daoine a tha a' faighinn taic cùram-sòisealta, seirbheisean a' toirt seachad taic cùram sòisealta agus buidhnean riaghlaidh eile. Thuirt iad cuideachd gum bu chòir coimhead ri sgrùdaidhean agus leasachaidhean a dhèanamh ann an dòigh thaiceil gus ionagain a lùghdachadh. Bhathar a' moladh fòcas air leasachadh leantainneach: mar eisimpleir, tro bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil fios-air-ais, lèirmheasan agus sgrùdadadh cunbalach ann. Chaidh moladh gun rachadh deagh chleachdadadh a chur an gnìomh, cho math ri maoineachadh agus goireasan gu leòr.
- Dhaingnich luchd-freagairt an aonta gum bu chòir cuideam a bhith aig sgrùdadadh agus riaghlaidh air leasachadh leantainneach nan seirbheisean (C6). Bha iarrtasan ann airson soilleireachd air dùilean agus a bhith a' corriinn deagh chleachdadadh, còmhla ri co-obrachadh nas dlùithe le solaraicheadh taic cùram-sòisealta. Chaidh iarraidh cuideachd gum biodh fòcas air coileanadh feumalachdan dhaoine a tha a' faighinn taic cùram-sòisealta. Chaidh ceistean mu sholarachadh ghoireasan airson gnìomhan leasachaidh a thogail a-rithist.
- Ma thèid rudeigin ceàrr air seirbheis (C7), bha luchd-freagairt airson modh-obrach soilleir a bhith ann gus aithris air na duilgheadasan, gu sònraichte do daoine a tha a' faighinn taic cùram-sòisealta.

- Bha molaidhean ann airson fuasglaidhean a sholarachadh agus a bhuileachadh, a bharrachd air gniomhan agus atharrachaidhean iomchaidh gus fuasgladh fhaighinn air duilgheadasan. Ach a dh'aindeoin sin, bha luchd-freagairt a' faireachdainn gum bu chòir sgrùdaidhean a bhith aig ìrean iomchaidh no co-rèireach an crochadh air a' chuspair a chaidh a thogail. Bhathas den bheachd bu bheil cunntachalachd cudromach, ach nach bu chòir cultar "coire" a bhith ann. Bhathar den bheachd gur e dòigh-obrach cho-obrachail a thaobh fuasgladh cheistean le seirbheisean a b' fhèarr, a bhiodh a' toirt seachad taic cùram sòisealta far an gabhadh sin dèanamh, còmhla ri gniomh leigheiseach ann an deagh àm. Às dèidh fuasgladh a bhith ann, chaidh lèirmheasan ionnsachaидh a mholadh gu làdir a bharrachd air a bhith a' toirt a-steach cheumannan casgach gus an teansa gun nochd na duilgheadasan a-rithist a lùghdachadh.
- Sa chumantas, bhathar den bheachd gum bu chòir luchd-solair taic cùram-sòisealta a bhith an urra ri leasachaidhean a dhèanamh (C8), leis gu bheilear den bheachd gu bheil uallach orra airson ullachadh agus libhrigeadh nan seirbheisean aca. Cha deach iomradh a thoirt air manaidsearan aig solaraichean taic cùram sòisealta cho tric. Chaidh iomradh a thoirt air riaghlairean ann an co-theacsa a bhith a' toirt seachad taic agus stiùireadh. Mhol beag-chuidean susbainteach gun robh àite aig luchd-obrach loidhne-aghaidh a tha a' tabhann taic cùram sòisealta, an fheadhainn le eòlas beatha (mar thuis eòlais gus leasachaidhean a dhèanamh) agus aig ùghdarrasan ionadail cuideachd.
- Chaidh iarrtasan a dhèanamh cuideachd gum bu chòir daoine a tha an sàs ann a bhith a' toirt seachad taic cùram-sòisealta pàirt a ghabhail ann an leasachaidhean.
- Gus dèanamh cinnteach gu bheil buidhnean riaghlaidh èifeachdach (C9), b' e fios-air-ais bho sheirbheisean agus solaraichean cùram-sòisealta a tha a' tabhann taic cùram-sòisealta a bu trice a chaidh ainmeachadh, le àireamh nas lugha a' toirt iomradh air fios-air-ais bhon fheadhainn le eòlas beatha aig an àm seo no san àm a dh'fhalbh.
- Chaidh moladh gum biodh fosgarrachd, follaiseachd agus conaltradh ann mu ghnìomhan luchd-riaghlaidh (m.e. a bhith a' dèanamh lèirmheasan agus aithisgean). Chaidh sgrùdadadh neo-eisimeileach air luchd-riaghlaidh a mholadh, agus chaidh a ràdh cuideachd gum biodh feum air fianais agus dàta (m.e. anailis air aithisgean sgrùdaidh).

Tèama 4 - ciamar a bhios fhiös againn gu bheil siostaman ag obair?

- Chuir luchd-freagairt grunn dhòighean air adhart gus dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh aig daoine a tha a dhìth orra mu mar a tha solaraichean taic cùram-sòisealta a' coileanadh, gus taic a chumail ri cho-dhùnaidhean mu chùram is taic (C10). Tha iad seo a' gabhail a-steach aithisgean sgrùdaidh a tha ruigsinneach do na h-uile agus a tha a' gabhail

a-steach tionndaidhean a tha furasta a leughadh agus geàrr-chunntasan ann an raon de dhiofar chruthan agus sheanailean Bha iarrtasan ann cuideachd gum biodh dleastanas air solaraichean taic cùram-sòisealta gus an aithisg sgrùdaidh as ùire fhoillseachadh agus a thoirt do dhaoine. Chaidh moladh gum biodh làrach-lìn phoblach ann far am biodh am fiosrachadh uile a bha a dhìth san aon àite. Air làraichean-lìn a tha a' toirt seachad fiosrachadh mar-thà, feumar seo a chomharrachadh gu soilleir agus feumaidh tar-iomraidhean a thoirt air tobraichean fiosrachaидh eile. Nan robh daoine a tha a' faighinn taic cùram sòisealta agus an teaghlaichean an sàs, chuidicheadh seo gus dèanamh cinnteach gum faigh iad am fiosrachadh a tha a dhìth orra. Chaidh raon farsaing de dh'fiosrachadh a mhìneachadh mar fhiosrachadh a tha riatanach (C11).

- Mhìnich luchd-freagairt grunn dhòighean anns am faodadh cruinneachadh agus co-roinn dàta a bhith na b' fheàrr (C12). Chaidh iomradh a thoirt air aon shiostam no àrd-ùrlar didseatach gus cuideachadh gus dùblachadh agus uallachaidhean rianachd a lùghdachadh, gus cur ri cunbalachd ann an cruinneachadh dàta agus a bhith a' sgiobalachadh riatanasan cruinneachaidh dàta agus aithris. Bu toil le cuid den luchd-freagairt ro-innleachd dhidseatach nàiseanta fhaicinn a cheadachadh conaltradh agus co-roinn fiosrachaидh nas fheàrr. Bhiodh seo cuideachd air a chuideachadh le barrachd co-obrachaidh agus le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an dàta gu lèir ruiginneach dhan a h-uile neach-cleachdaidh.
- Thog luchd-freagairt draghan mu chruinneachadh agus co-roinn dàta, mar eisimpleir, an neo-obrachalachd a th' ann an-dràsta eadar diofar shiostaman IT agus am maoineachadh a bhiodh a dhìth gus aon siostam cruinneachadh dàta a stèidheachadh.
- Chomharraich luchd-freagairt grunn dhòighean anns an cumadh riaghlaidh agus sgrùdadhean taic ri deagh chleachdadhean airson daoine a tha a' faighinn cothrom air cùram is taic (C13), do dhaoine a tha ag obair ann an roinn a' chùraim-shòisealta (C14), agus do sholaraicheadh a tha a' libhrigeadh taic cùram-sòisealta (C15). . Ghabh iad sin a-steach a bhith a' mìneachadh, a' comharrachadh agus a' soilleireachadh deagh chleachdadhean agus a' cur fòcas nas mothà air nithean matha is nas lughà air nithean dona sa phròiseas sgrùdaidh. Bha miann ann cuideachd gum biodh luchd-sgrùdaidh ag amas air a bhith a' cruthachadh chleachdaidhean stèidhichte air dàimhean agus a' cumail taic ri deagh bhuilean, le barrachd co-obrachaidh agus taic do bhuidhnean.
- Bha e ga mheas cudromach a bhith a' gabhail a-steach daoine a tha a' faighinn taic cùram-sòisealta agus an teaghlaichean ann an co-dhealbhadh pròiseasan sgrùdaidh agus riaghlaidh.
- Bha iarrtasan ann cuideachd gus dèanamh cinnteach gun toir trèanadh sgioba-obrach a' chùram-shòisealta na sgilean a dh'fheumar do dhaoine gus an dreuchdan a choileanadh gu h-èifeachdach.

- A' cruthachadh atharrachadh cultair gus am bi sgrùdadh agus riaghladh air a mheas mar chothrom meòrachadh air dùblain, soirbheasan agus ionnsachadh; bhathar den bheachd gun robh feum air barrachd fòcas air na rudan a tha a' dol gu math.
- Bhathar den bheachd gu bheil e cudromach dèanamh cinnteach gu bheil solaraichean cùraim a' toirt taic do riatanasan trèanaidh luchd-obrach agus a' toirt cothrom air trèanadh àrd-inbhe agus leasachadh proifeiseanta leantainneach dhaibhsan a tha ag obair ann an roinn a' chàraim-shòisealta.
- Bha iarrtasan ann gus dàimh nas co-obrachail a bhith ann eadar riaghlairean agus solaraichean cùraim, le taic leantainneach air a toirt seachad taobh a-muigh an t-siostaim sgrùdaidh. Chuidicheadh seo gus deagh dhàimhean a thogail agus gus sealladh nas fhàbharache a chruthachadh a thaobh sgrùdadh agus riaghladh.
- Mu dheireadh, bha iarrtasan ann airson dòigh-obrach chunbalach a thaobh sgrùdadh agus riaghladh.

Tèama 5 – Ciamar a bheir siostaman sgrùdaidh agus riaghlaidh taic dhan luchd-obrach?

- Feumar dèanamh cinnteach gum bi e furasta gabhail ann am feachd-obrach na taic is a' chàraim-shòisealta, le pròiseas clàraidh simplidh is follaiseach agus le fiosrachadh soilleir air na riatanasan airson teisteanas sam bith. Bha corra iarrtas ann gum biodh barrachd taic ann dhan sgioba-obrach cùram is taic shòisealta. Am measg nam molaidhean, bha gum bu chòir maoineachadh a bharrachd a thoirt seachad gus luchd-obrach a chuideachadh gus teisteanasan riatanach fhaighinn agus taic bho sholaraichean cùram-sòisealta a thaobh trèanadh agus a bhith a' faighinn theisteanasan. Chaidh moladh cuideachd gum bu chòir dleastanas a bhith air solaraichean taic cùram-sòisealta gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach clàraichte agus gu bheil iad a' faighinn nan teisteanasan riatanach.
- Bha iarrtasan ann airson barrachd sùbailteachd a thaobh theisteanasan agus co-ionannachdan, le gèilleadh cunbalach ri inbhean. Ged a bha iarrtasan ann gum biodh na bun-inbhean thar roinn a' chàraim cunbalach, bha beagan bheachdan ann gu bheil feum air co-rèireachd, a rèir na h-obrach / na dreuchd a thathar a' toirt seachad. Tha eadar-dhealachaidhean ann an riatanasan riaghlaidh agus bhathar a' faireachdainn gun cuidicheadh co-obrachadh nas dlùithe eadar diofar riaghlairean gus dèanamh cinnteach gu bheil cunbalachd ann.
- Bha aonta coitcheann ann gum bu chòir siostaman a bhith aig buidhnean agus buidhnean riaghlaidh a tha a' gabhail a-steach a h-uile duine a tha ag obair taobh a-staigh roinn a' chàraim-shòisealta, ro, rè agus às dèidh a' phròiseis sgrùdaidh. Chuireadh seo ri builean nas fheàrr taobh a-staigh na

roinne a bharrachd air a bhith a' cruthachadh àrainneachd obrach nas adhartaiche agus a bhith a' brosnachadh dhaoine eile a bhith ag obair taobh a-staigh na roinne. Thathar den bheachd gu bheil sgrùdadh agus riaghlaadh cudromach agus bha beagan iarrtasan ann airson barrachd fòcais air co-obrachadh, fèin-mheasadh, air builean agus a bhith a' co-roinn deagh chleachdad. Chuidicheadh iad sin le bhith a' lùghdachadh ionagain sam bith co-cheangailte ris a' phròiseas sgrùdaidh.